AITHISG BHLIADHNAIL
ANNUAL REPORT

2025–2026

Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig







Luchd-obrach

Staff

Leòdhas | Lewis

Dòmhnall I MacRisnidh, Ceannard Riochdachaidh is Sgaoilidh
Donald J MacRitchie, Head of Production and Distribution

Mairead NicIlleathain, Manaidsear Oifise
Margaret MacLean, Office Manager

Mòrag NicIlleathain, Eadar-theangair *(DUB/DEC 2025)*
Morag MacLean, Translator

Criosaidh NicRath, Oifigear Leasachaidh, Pròiseact Briathrachais
Chrissie MacRae, Development Officer, New Terminology

Kristy Nic a' Ghobhainn, Neach-dealbhachaidh
Kristy Smith, Designer

Jamie MacGillEathain, Neach-rianachd Corporra agus Phròiseactan *(FAO/JAN 2026)*
Jamie MacLean, Corporate and Projects administrator

Inbhir Nis | Inverness

Dòmhnall U MacGilleMhoire, Ceannard
Donald W Morrison, Chief Executive

Sarah Fhriseal, Ceannard Foghlam is Ionnsachaidh
Sarah Fraser, Head of Education and Learning

Catrìona Mhoireach, Oifigear Dearbhadh Càileachd
Catriona Murray, Quality Assurance Officer

Angela Nic a' Mhaoilein, Oifigear Leasachaidh (Goireasan Bun-sgoile, Foghlam Gàidhlig)
Angela MacMillan, Development Officer (Primary Resources, Gaelic Education)

Port Rìgh | Portree

Niall Mac a' Ghobhainn, Ceannard Didseatach agus Dealbhaidh
Neil Smith, Head of Digital and Design

Emma Burrows, Sgrìobhaiche Cùrsa
Emma Burrows, Course Writer

Uibhist a Tuath | North Uist

Màiri NicRisnidh, Oifigear Curraicealaim
Mairi MacRitchie, Curriculum Officer

Uibhist a Deas | South Uist

Sarah NicEachainn, Eadar-theangair / leughadair-dearbhaidh
Sarah MacEachen, Translator / Quality Assurance Officer

Buill a' Bhùird-stiùiridh

Board Membership

Gillian Campbell-Thow, Cathraiche, Comhairle Baile Ghlaschu
Glasgow City Council

Bethan Owen,
Comhairle Baile Dhùn Èideann
City of Edinburgh Council

Rachel Binnie
Comhairle Earra-Ghàidheal agus Bhòid
Argyll and Bute Council

Vicki Sherry *(Appointed 20/11/2025)*
Lorraine McBride *(Resigned 20/11/2025)*
Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath
North Lanarkshire Council

Lena Walker
Comhairle na Gàidhealtachd
The Highland Council

Evelyn Coull NicLeòid, Comhairle nan Eilean Siar
Evelyn Coull MacLeod, Comhairle nan Eilean Siar

Ro-ràdh bhon neach-cathrach

Chairperson's introduction

Gillian Campbell-Thow



A' meòrachadh air a' bhliadhna a chaidh seachad, tha e soilleir gu bheil dealas Stòrlann a thaobh taic do Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus neartachadh na Gàidhlig cho làidir 's a bha e a-riamh. Le atharrachadh leantainneach air feadh an raoin fhoghlaim, tha sinn air seasmhachd, stèidheachd 's fòcas soilleir air ar prìomh amas a shealltainn.

Bha cur air bhog 'Leugh Seo', sgeama leughaidh nàiseanta do bhun-sgoiltean, na chlach-mhìle mhòr. Tha seo a' riochdachadh tasgadh fad-ùine ann an litearrachd Ghàidhlig, a' toirt sgeama 'ceum air cheum' do sgoiltean. Le ciad bheachdan glè dheimhinneach tha sinn a' dèanamh fiughair ri sgaoileadh an sgeama gu nàiseanta. Thàinig leudachadh air stòrasan ionnsachaidh, didseatach 's clò-bhuailte, a' dèanamh cinnteach gum bi stuthan àrd-inbhe rim faotainn do sgoiltean 's teaghlaichean. Tha ar n-obair còmhla ri Bookbug's Acair air taic do luchd-ionnsachaidh òga a neartachadh; a' nochdadh dealas do leasachadh sgilean cànain bho na h-ìrean as tràithe.

Lean ionnsachadh proifeasanta 's co-obrachadh air feadh roinn foghlaim na Gàidhlig tro raon ghnìomhan 's lìonraidhean. Le compàirteachadh aig cridhe ar n-adhartais, tha sinn taingeil airson co-obrachadh leantainneach bhuidhnean leithid SQA 's Foghlam Alba gus cothroman ùra do luchd-ionnsachaidh 's luchd-teagaisg a leasachadh.

Le mothachadh air sunnd luchd-obrach, tha sinn a' tabhann Pròg ram Taic dìomhair do luchd-obrach 's teaghlaichean, a' tabhann taic aig àm sam bith. Tha Stòrlann cuideachd na Fhastaiche Tuarastail Bith-beò barrantaichte. Tha am Bòrd a' toirt taing don luchd-obrach airson an dìcheall agus an obair chruaidh leantainneach.

A' coimhead romhainn, tha an rùn soilleir: goireasan ionnsachaidh àrd-inbhe a chruthachadh a bheir beairteas do fhoghlam 's a neartaicheas cleachdadh na Gàidhlig. Ar taing do sgoilearan, tidsearan, teaghlaichean, buill a' Bhùird agus gach neach a tha taiceil do fhoghlam Gàidhlig. Tha sinn gu sònraichte taingeil airson taic leantainneach **Bhòrd na Gàidhlig** agus **Riaghaltas na h-Alba** a tha a' dèanamh na h-obrach seo comasach.

Tha sinn a' coimhead air adhart ris an ath bhliadhna le rùn soilleir agus misneachd.

As we reflect on the past year, it is clear that Stòrlann's commitment to supporting Gaelic Medium Education and strengthening the Gaelic language has remained as steadfast as ever. In a period of continued change across the education landscape, our organisation has once again demonstrated resilience, stability, and a clear focus on its core mission.

This year marked a particularly significant milestone with the commencement of Leugh Seo, a national reading scheme for primary schools. This initiative represents a long-term investment in Gaelic literacy, providing schools with a progressive and engaging pathway for reading development. Early responses from schools have been very positive, and we look forward to the roll out to schoools across the country.

Expansion has continued in both digital and printed learning resources, ensuring that high-quality Gaelic materials remain accessible for pupils, teachers, and families. Our work with Bookbug Scotland and Acair has further strengthened support for early years learners, reflecting commitment to nurturing Gaelic language skills from the earliest stages.

Professional learning and collaboration across the Gaelic education sector have continued through a range of activities and networks. Partnership working remains central to our progress, and we are grateful for the continued cooperation of organisations such as SQA, and Education Scotland, supporting the development of new opportunities for learners and educators.

Ever mindful of the importance of staff well-being we provide employees and families with a confidential Employee Assistance Programme which offers round the clock support. In addition, Stòrlann is an Accredited Living Wage Employer. The Board extends its sincere thanks to all staff for their dedication and hard work.

Looking ahead our mission remains clear: to produce and provide high-quality learning resources that enrich education and strengthen the use of Gaelic.

Our thanks to pupils, teachers, families, Board members, and all those who support Gaelic education. We are especially grateful for the continued support of **Bòrd na Gàidhlig** and **The Scottish Government**, whose commitment makes this work possible.

We look forward to the coming year with purpose and confidence.

Lèirmheas a' cheannaird

Chief Executive's Review

Donald W Morrison



Tha e na thoileachadh dhomh Aithisg Bhliadhnail Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig 2025–26 a thoirt thugaibh. Tha an aithisg a' toirt dhuibh sealladh farsaing de phrìomh choileanaidhean 's leasachaidhean na buidhne tron bhliadhna, còmhla ri fiosrachadh mu na phrìomhachasan 's na h-amasan airson an àm ri teachd.

Thàinig leasachadh 's adhartas mòr taobh a-staigh na buidhne sa bhliadhna a chaidh seachad. Às dèidh pròg ram ath-structaraidh for-ghnìomhach, stèidhich Stòrlann dreuchd ùr, Ceannard Foghlaim is Ionnsachaidh, 's chaidh sgioba shònraichte a chruthachadh airson Foghlam is Ionnsachadh. Tha seo na leasachadh cudromach ann an comas na buidhne taic a chumail ri feumalachdan Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (GME) a tha a' sìor atharrachadh. Thachair seo an cois atharrachaidhean ann am maoineachadh – nam measg ath-sgrùdadh air maoineachadh bho Riaghaltas na h-Alba – thug e cothrom dhuinn an structar agus am fòcas againn a neartachadh.

Bha cinneasachadh Leugh Seo na leasachadh air leth cudromach rè na h-ùine seo. 'S e siostam leughaidh Gàidhlig ùr a th' ann an Leugh Seo, air a dhealbhadh gu sònraichte airson bun-sgoiltean, stèidhichte air dì-chòdachadh fhuaimnean. Leis gu bheilear a' tighinn faisg air comharrachadh 40 bliadhna de Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (GME, tha an sgeama seo na chlach-mhìle chudromach ann an leasachadh leantainneach litearrachd sa Ghàidhlig. A' togail air na bunaitean a chaidh a stèidheachadh leis a' ghoireas fonaigs Fios air Fuaimean tha Leugh Seo a' tabhann dòigh-obrach eagarach s adhar tach airson leasachadh sgilean leughaidh. Thathar an dùil an sgeama a chur an gnìomh air feadh àrainneachdan GME san Lùnastal 2026; tha seo na thasgadh mòr fad-ùine ann an leasachadh sgilean leughaidh sgoilearan sa Ghàidhlig.

Chaidh adhartas a dhèanamh cuideachd ann an leasachadh ghoireasan àireamhachd. Tha Stòrlann air compàirteachas a stèidheachadh le Topmarks, solaraiche gheamannan foghlaim air-loidhne. Tha dealbhadh agus tionndadh ghoireasan foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig a' dèanamh adhartas mòr. Cuidichidh an obair seo le bhith a' leudachadh an raoin de chothroman ionnsachaidh didseatach tarraingeach a tha rim faotainn do sgoilearan agus do thidsearan.

Leis gu bheil Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a' sìor leudachadh, le àireamhan a tha a' sìor fhàs de sgoilearan agus raon nas fharsainge de chuspairean gan teagasg tro mheadhan na Gàidhlig, tha leasachadh briathrachais iomchaidh fhathast riatanach Rè na bliadhna, lean obair gus briathrachas na Gàidhlig ath-sgrùdadh agus a leudachadh ann an raointean leithid Cruinn-eòlas, còmhla ri leasachadh briathrachas sònraichte airson Teicneòlas Fiosrachaidh agus Sìobar-thèarainteachd. Tha an obair Teicneòlas Fiosrachaidh agus Sìobar-thèarainteachd ga leasachadh tro cho-obrachadh le Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu agus tha e a' nochdadh cho cudromach 's a tha e a bhith cinnteach gum fuirich a' Ghàidhlig na cànan ionnsachaidh buntainneach agus èifeachdach thar churaicealam a tha a' sìor fhàs eadar-mheasgte.

Tha solar didseatach na phàirt chudromach de obair Stòrlann. Tha a' bhuidheann air raon de làraich-lìn agus goireasan air-loidhne a leasachadh beag air bheag, gus a dhèanamh nas fhasa do thidsearan, sgoilearan, sgoiltean agus teaghlaichean lorg fhaighinn air an taic a tha a dhìth orra. Tha iad seo a' cur ris an raon fharsaing de stuthan clò-bhuailte againn, agus a' toirt taic do ionnsachadh bho na tràth-bhliadhnaichean, gu foghlam bun-sgoile agus àrd-sgoile. Tha còrr is 1,200 duilleag-lìn aig Stòrlann a-nis agus còrr is 6,000 faidhle-fuaim. Tha an cruinneachadh didseatach seo, a tha a' sìor fhàs, na ghoireas cudromach airson foghlam Gàidhlig air feadh Alba.

Tron bhliadhna, chaidh raon farsaing de stuthan foghlaim àrd-inbhe a chruthachadh. Tha iomradh san aithisg air cuid dhiubh sin, a' nochdadh farsaingeachd tabhartas Stòrlann a thaobh taic ri teagasg 's ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig.

Tha taic do thidsearan agus do luchd-ùidh foghlaim na Gàidhlig fhathast aig cridhe ar n-obrach. Tha Alltan air Loidhne, a' lìbhrigeadh chothroman ionnsachaidh is leasachaidh proifeiseanta, le stuthan trèanaidh agus gnìomhan air an dealbhadh le tidsearan do thidsearan. Bidh Stòrlann cuideachd a' gabhail pàirt ghnìomhach ann an tachartasan nàiseanta, roinneil 's ionadail, a' conaltradh ri sgoilearan, pàrantan 's coimhearsnachd foghlaim na Gàidhlig san fharsaingeachd. Tha ar compàirteachadh sa Mhòd Nàiseanta agus ar taic do raon de na farpaisean a' sealltainn ar dealas a thaobh adhartachadh cànan, cultar 's foghlam Gàidhlig.

Tha Stòrlann ag aithneachadh pàirt theaghlaichean mar thaic do ionnsachadh chloinne. Tha Gaelic4Parents.com a' toirt cothrom do phàrantan, luchd-cùraim 's sgoilearan air faidhlichean-fuaim, goireasan foghlaim 's fiosrachadh practaigeach gus taic a thoirt do ionnsachadh na Gàidhlig aig an taigh. Tha duilleag Facebook Gaelic4parents cuideachd a' toirt seachad tobar a bharrachd de chomhairle 's taic, gu sònraichte a thaobh obair-dachaigh. Tha an duilleag a' tàladh tòrr conaltraidh, le

còrr ’s 9,500 neach-leantainn.

Tha Stòrlann a’ comasachadh iomlaid eòlais, sgilean ’s ghoireasan air feadh foghlam Gàidhlig; a’ gabhail a-steach cruthachadh choimhearsnachdan proifeiseanta air-loidhne do thidsearan àrd-sgoile a tha a’ teagasg chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig. Tha sinn an sàs ann, agus a’ toirt taic do, raon de bhuidhnean nàiseanta, iomairtean ’s compàirteachasan. Nam measg tha Education Scotland, Qualifications Scotland, Leacan aig Oilthigh Ghlaschu, Buidheann Obrach Acadamaidh na Gàidhlig, a’ Chuairt-obrach airson Leasachadh a’ Churraicealaim, Comunn na Gàidhlig, Acair, Topmarks, am Mòd Nàiseanta Rìoghail, Deasbad Nàiseanta nan Àrd-sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail na h-Alba.

San àm ri teachd, togaidh Stòrlann air an adhartas seo. Am measg nam prìomhachasan tha neartachadh solair airson litearrachd agus àireamhachd sa Ghàidhlig, leudachadh an raoin de ghoireasan didseatach is clò-bhuailte àrd-inbhe, leasachadh briathrachas iomchaidh do chuspairean, agus taic do thidsearan tro ionnsachadh proifeiseanta agus co-obrachadh. Bidh cur air bhog ‘Leugh Seo’ na leasachadh air leth cudromach, agus a’ daingneachadh ar dealais a thaobh seasmhachd ’s fàs fad-ùine a thaobh litearrachd, togail agus cleachdadh na Gàidhlig.

Bu mhath leam taing a thoirt do sgioba Stòrlann airson am proifeiseantachd, dealas agus obair chruaidh tron bhliadhna. Taing dhùrachdach dha ar compàirtichean, tidsearan, sgoilearan, pàrantan, luchd-cùraim ’s gach neach a tha a’ cur ri leasachadh leantainneach foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Mu dheireadh, taing do Riaghaltas na h-Alba airson an taic leantainnich; tha seo deatamach airson obair Stòrlann a chur an gnìomh ’s ar n-amasan a choileanadh.

Tha Stòrlann dealasach a thaobh ar n-adhbhair: solarachadh goireasan ionnsachaidh ’s taic àrd-inbhe a bheir beairteas do Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, gus cleachdadh ’s leasachadh na Gàidhlig a neartachadh ann an sgoiltean, dachaighean ’s coimhearsnachdan air feadh Alba.





an t-alltan
ionnsachadh air-loidhne do thidsearan Gàidhlig

Lèirmheas a' cheannaird

Chief Executive's Review

Donald W Morrison



I am pleased to present Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig's Annual Report for the period April 2025 to March 2026. This report provides an overview of the organisation's principal achievements and developments during the year, together with an indication of our priorities and ambitions for the period ahead.

The year has been one of significant organisational development and progress. Following a programme of proactive restructuring, Stòrlann established a new Head of Education and Learning post and created a dedicated Education and Learning team. This development represents an important investment in the organisation's capacity to support the evolving needs of Gaelic Medium Education (GME). It has taken place alongside changes to funding arrangements, including revised funding provision from the Scottish Government, and has provided an opportunity to strengthen our organisational structure and focus.

A particularly significant development during the reporting period has been the commencement of production of Leugh Seo, Stòrlann's new bespoke, decodable Gaelic reading scheme for primary schools. As the Gaelic education community looks ahead to celebrating the fortieth anniversary of GME, this initiative represents an important milestone in the continued development of Gaelic literacy provision. Building on the foundations established by the previously published phonics resource Fios air Fuaimean, Leugh Seo provides a structured and progressive approach to reading development. The scheme is scheduled for rollout across GME settings in August 2026 and represents a substantial long-term commitment to supporting pupils in developing their Gaelic reading skills.

Progress has also been made in the development of numeracy resources. Stòrlann has established a collaborative partnership with online educational games provider Topmarks, with the planning and adaptation of resources for use in Scottish Gaelic education settings progressing significantly. This work will help broaden the range of engaging digital learning opportunities available to pupils and teachers.

As Gaelic Medium Education continues to expand, with increasing numbers of pupils and a wider range of subjects being taught through the medium of Gaelic, the development of appropriate subject-specific terminology remains essential. During the year, work has continued to review and extend Gaelic terminology in areas such as Geography, alongside the development of specialist vocabulary for Information Technology and Cyber Security. The Information Technology and Cyber Security work is being developed through collaboration with Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu and reflects the importance of ensuring that Gaelic remains a relevant and effective language of learning across an increasingly diverse curriculum.

Digital provision continues to be an important part of Stòrlann's work. The organisation has progressively developed a range of dedicated websites and online platforms to make Gaelic learning resources more accessible to schools, teachers, pupils and families. These resources complement our extensive range of printed materials and support learning from the early years through primary and secondary education. Stòrlann now hosts more than 1,200 webpages of online learning resources, alongside a library of over 6,000 audio files. This growing digital collection represents a significant resource for Gaelic education throughout Scotland.

During the year, a wide range of high-quality educational materials was produced and made available for use in schools. This report highlights a selection of these resources and demonstrates the breadth of Stòrlann's contribution to supporting teaching and learning through the medium of Gaelic.

Supporting teachers and Gaelic education stakeholders remains central to our work. The Alltan air Loidhne website continues to provide professional learning and development opportunities, with training materials and activities designed by teachers for teachers. Alongside this online provision, Stòrlann maintains an active presence at national, regional and local events, engaging with pupils, parents and the wider Gaelic education community. Our participation in the National Mòd and sponsorship of a range of its competitions further demonstrate our commitment to promoting Gaelic language, culture and education.

Stòrlann also recognises the important role that families play in supporting children's learning. Through the management and development of the Gaelic4Parents website, we provide parents, carers and pupils with access to audio books, educational resources and practical information to support Gaelic learning at home. The associated Gaelic4Parents Facebook page provides an additional source of advice and assistance, particularly in relation to homework support, and continues to attract considerable engagement, with more than 9,500 registered followers.

Stòrlann continues to facilitate the sharing of knowledge, expertise and resources across the Gaelic education sector, including through the development of online professional communities for secondary teachers delivering subjects through the medium of Gaelic. We also maintain active involvement in, and support for, a range of national organisations, initiatives and partnerships, including Education Scotland, Qualifications Scotland, Leacan at the University of Glasgow, Buidhean Obrach Acadamaidh na Gàidhlig, the Curriculum Improvement Cycle, Comunn na Gàidhlig, Acair, Topmarks, the Royal National Mòd, Deasbad Nàiseanta nan Àrd-sgoiltean and Scotland's local authorities.

Looking ahead, Stòrlann will continue to build on the progress achieved during the reporting period. Our priorities include strengthening Gaelic literacy and numeracy provision, expanding the range of high-quality digital and printed resources, developing subject-specific terminology and supporting teachers through professional learning and collaboration. The forthcoming introduction of Leugh Seo will be a particularly important development, reinforcing our commitment to the long-term sustainability and growth of Gaelic literacy, acquisition and usage.

I would like to acknowledge and thank the Stòrlann team for their professionalism, commitment and hard work throughout the year. I also extend my sincere appreciation to our partners, teachers, pupils, parents, carers and all those who contribute to the continued development of Gaelic education. Finally, I wish to recognise the ongoing support of the Scottish Government, which remains vital to the delivery of Stòrlann's work and the achievement of its objectives. Stòrlann remains firmly committed to its purpose: to provide high-quality learning resources and support that enrich Gaelic Medium Education and strengthen the use and development of the Gaelic language in schools, homes and communities throughout Scotland.

Le meas agus spèis.

an t-alltan
ionnsachadh air-loidhne do thidsearan Gàidhlig

GAELIC 4 PARENTS

Leugh Seo

Goireasan Bun-sgoile

Primary Resources

Leugh Seo – Sgeama Leughaidh Ùr

Tha a' chiad dà ìre de Leugh Seo, a' chiad sgeama leughaidh Gàidhlig dì-chòdachail, a-nis air a dhol dha na sgoiltean.

Air a chruthachadh le Stòrlann, tha stòiridhean inntinneach le caractaran is cuspairean tarraingeach an seo air an sgrìobhadh le Emma Burrows. Tha farsaingeachd thopaigean a' nochdadh thairis air a' chiad dà ìre, a' cur na cloinne an aithne nam prìomh charactaran agus iad gan leantainn air iomadh seòrsa cuairt.

Tha cothroman luachmhor anns na dealbhan mionaideach aig Darren Gate airson còmhradh agus leasachadh 's togail cànain.

Chaidh mòran stuthan taice a leasachadh cuideachd a bhios rim faotainn tro làrach-lìn sònraichte. Nam measg sin tha duilleagan-obrach, apps, rannan agus geamannan air an dealbh airson cur ri ionnsachadh agus taic a thoirt don obair sa chlasrum.

Tha a' chiad seata de leabhraichean neo-fhicsean gan ullachadh airson clò-bhualadh, thèid an sgaoileadh anns a' bhliadhn' ùir. Tha iad seo a' togail air tèamaichean a tha a' nochdadh anns na teacsaichean ficsean, agus a' toirt barrachd chothroman gus sgilean litearrais 's eòlas cuspaireil a leasachadh.

The first two levels of Leugh Seo, the first decodable Gaelic reading scheme, have now been distributed to schools.

Created by Stòrlann, the scheme features engaging stories with relatable characters and storylines written by Emma Burrows. A diverse range of topics is covered across the first two levels, introducing learners to the main characters as they accompany them on a variety of adventures.

Valuable opportunities are provided by the detailed illustrations by Darren Gate for language development, discussion, and vocabulary acquisition.

A comprehensive suite of supporting resources has also been developed and will be made available through a dedicated website. These include pupil worksheets, apps, rhymes, and games designed to enhance learning and support classroom delivery.

The first set of non-fiction books to accompany the scheme is being prepared for print and will be distributed in the new year. These titles build on themes explored within the fiction texts, providing further opportunities to develop literacy skills and subject knowledge.









Radan fon Làr
Mucan òga
An Cù agus an Sù
Amar Mòr
Cò tha a' cadal?
Marag
Lùna
Rù agus Ròs
sarugòùdonclmàf


Leugh seo
Radan fon Làr
Anns an sgeulachd seo...
Leugh na fuaimean:
s a r u g ò ù
d o n c l m à
f
Leugh na faclan ùra:
radan fon agad brag
Leugh na faclan cumanta:
tha seo
Radan! Radan mòr!


Rr
S G A R
A S G
G R A
R S A R G
R R R R R R R R
Rù agus Ròs – Cuir dath air na cearcall anns a bheil R.
www.storlann.co.uk/leugh-seo
m
Tha na mucan òga sona agus làn.



Goireasan Àrd-sgoile

Secondary Resources

FILEANTA

Mise 6 agus 7

Thairis air a' bhliadhna a chaidh seachad, chaidh **Mise 6** fhoillseachadh agus chaidh **Mise 7** a thoirt gu ìre dealbhachaidh.

Mar a bhiodh dùil, tha **Mise 6** *(Mise agus mo chreideamh)* a' dèanamh fòcas shònraichte air cuspairean co-cheangailte ri creideamh agus saobh-chràbhachas nan Gàidheal leithid **Oidhche Shamhna**, **an dàrna sealladh**, **Carmina Gadelica** agus **Fèill Mhìcheil**. Seo an t-aonad mu dheireadh san t-sreath do sgoilearan fileantach air an dàrna bliadhna (a' leantainn air bho **Mise 4** agus **5** a chaidh fhoillseachadh an-uiridh). Tha notaichean an tidseir (freagairtean), faidhlichean-fuaim agus tar-sgrìobhaidhean ann gus sgilean litearrais agus eòlas cuspaireil a leasachadh.

Tha **Mise 7** *(Mise agus m' fhèin-aithne)* a' nochdadh san t-sreath Mise ach mar a' chiad aonad do fhileantaich air an treasamh bliadhna san Àrd-sgoil. Tha sgoilearan a' sgrùdadh mar a bhios fèin-aithne a' toirt buaidh air daoine (ann an dòighean math agus dòighean nach eil cho math) agus mar as urrainn dhaibh an cuid fèin-aithne fhèin a dhearbhadh agus a dhaigneachadh ann an dòigh sheasmhach. Le bhith a' toirt sùil air daoine eile air feadh an t-saoghail, aig deireadh an aonaid thathar an dùil gum bi freagairt nas fheàrr aig sgoilearan air na ceistean a leanas: Cò th' annam? Cò às an tàinig mi? Càit' a bheil mi a' dol? Tha an t-aonad cuideachd a' rannsachadh an àite a th' againn fhìn mar Ghàidheil is luchd-labhairt na Gàidhlig, gu h-àraidh le sùil air dà chuspair ceangailte gu mòr ri fèin-aithne nan Gàidheal – **cianalas agus dùthchas**.

Tha freagairtean, faidhlichean-fuaim agus tar-sgrìobhaidhean an cois an aonaid.

Mise 6 and 7

Over the past year, Mise 6 was published and Mise 7 was developed to the planning stage.

Mise 6 *(Me and My Faith)* places a particular focus on themes related to religion and Gaelic superstition, including **Halloween**, **second sight**, **Carmina Gadelica**, and **Michaelmas**. This is the final unit in the series for fluent learners in their second year, following on from **Mise 4** and **Mise 5**, which were published last year.

Teacher notes (answer keys), audio files and transcripts accompany each unit.


Mise 7 *(Me and My Identity)* appears in the Mise series as the first unit for fluent learners in the third year of secondary school. Pupils explore how identity affects people, both positively and negatively, and how they can establish and strengthen their own identity in a sustainable and meaningful way.

By examining the experiences of people from around the world, it is intended that by the end of the unit pupils will be better able to answer the following questions:

- Who am I?
- Where have I come from?
- Where am I going?

The unit also explores our own place as Gaels and Gaelic speakers, particularly through two concepts that are closely linked to Gaelic identity: **cianalas** (a deep sense of longing, homesickness or yearning) and **dùthchas** (heritage, belonging, and a deep-rooted connection to place and community).

The unit is accompanied by answer keys, audio files and transcripts.





Goireasan Àrd-sgoile

Secondary Resources

Ceumannan

Chaidh **Ceumannan** a chruthachadh le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig mar ghoireas ionnsachaidh coileanta a bheir taic do sgoilearan àrd-sgoile le leasachadh sgilean cànain agus a bhrosnaicheas fileantachd agus misneachd sa Ghàidhlig.

Ri fhaighinn tro **ùrlar sònraichte air-loidhne,** tha Ceumannan a' tabhann pròram ionnsachaidh structaraichte, le goireasan labhairt, èisteachd, leughaidh agus sgrìobhaidh. Cuidichidh na cùrsaichean agus na modalan adhartach sgoilearan gus briathrachas a leudachadh, tuigse air gràmar a leasachadh agus misneachd a thogail sa Ghàidhlig aca ann an suidheachaidhean làitheil.

Tha cruinneachadh farsaing de ghoireasan taic rim faotainn le geamannan eadar-ghnìomhach, bhidiothan, faidhlichean-fuaim agus roinn taic do luchd-ionnsachaidh. Gheibh luchd-teagaisg buannachd cuideachd bho ghoireasan a bharrachd airson cleachdadh sa chlas. Tha còrr 's 3,000 faidhle èisteachd an lùib an app Faclair Mòr a chuidicheas sgoilearan le fuaimneachadh 's briathrachas.

Bheir pasgain-taic cuideachadh do sgoilearan a tha ag ullachadh airson teisteanasan Nàiseanta 5 agus Àrd-ìre, a' sgrùdadh chuspairean mar An comann-shòisealta agus Cultar, Ionnsachadh agus Comas-cosnaidh, agus Teicneòlas 's na Meadhanan.

Tro Cheumannan tha Stòrlann a' toirt taic do thidsearan, brosnachadh do luchd-ionnsachaidh, a' cur ri leasachadh luchd-labhairt misneachail na Gàidhlig agus ri foghlam Gàidhlig san àm ri teachd.

Ceumannan, developed by Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig, is a comprehensive Gaelic learning resource designed to support secondary school pupils in developing their language skills and progressing towards greater confidence and fluency in Gaelic.

Available through a **dedicated online platform**, Ceumannan provides a structured programme of learning, with resources covering speaking, listening, reading and writing. Its progressive courses and modules help pupils expand their vocabulary, develop their understanding of grammar and build confidence in using Gaelic in everyday situations.

The platform offers a wide range of supporting materials, including interactive games, videos, audio resources and learner support sections. Teachers also benefit from additional materials to support classroom delivery. The accompanying Faclair Mòr app provides access to more than 3,000 audio files, helping learners develop pronunciation and vocabulary through independent study.

Dedicated study packs support pupils preparing for National 5 and Higher qualifications, covering key themes such as Society and Culture, Learning and Employability, and Technology and Media.

Through Ceumannan, Stòrlann continues to support teachers and inspire learners, contributing to the development of confident Gaelic speakers and the future of Gaelic education.







An Seotal

Secondary Resources

Tha An Seotal a' leantainn air a' leasachadh agus a' leudachadh mar stòr-dàta briathrachais Ghàidhlig aig Stòrlann, a' toirt taic do theagasg chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig aig ìre àrd-sgoile. Tha an goireas a' toirt stiùireadh do thidsearan agus sgoilearan a thaobh briathrachais, faclan ùra agus faclan co-cheangailte ri foghlam a tha a' sìor atharrachadh.

Tro 2025 agus 2026, lean leasachadh an làraich-lìn, le fòcas sònraichte air briathrachas co-cheangailte ri Cruinn-eòlas agus Saidheans. Tha briathrachas an stòr-dàta an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla, le fiosrachadh air faclaireachd iomchaidh, a' gabhail a-steach gnè ainmearan, foirmean iolra agus fiosrachadh gramataigeach eile.

Tha briathrachas air a chur air dòigh a-rèir cuspairean curraicealaim, agus faodar sgrùdadh a dhèanamh a-rèir òrdugh na h-aibideil no raon cuspair. Tha eisimpleirean ann cuideachd air mar a ghabhas briathran a chleachdadh san t-seòmar-clas, a bharrachd air ceanglaichean gu goireasan foghlaim Gàidhlig a tha iomchaidh.


Aig cridhe a' ghoireis tha stòr-dàta **An Seotal**; thathar ga leudachadh agus ga ùrachadh gu cunbhalach, gus gum faigh tidsearan agus sgoilearan cothrom air briathrachas iomchaidh, ùraichte thar a' churraicealaim gu lèir. Chaidh goireasan neo-dhidseatach a chruthachadh cuideachd gus cur ris an t-susbaint dhidseatach, tha iad seo rim faighinn bho Stòrlann. Gheibhear cothrom air an làrach-lìn aig *www.anseotal.org.uk*.

An Seotal continues to develop and expand as Stòrlann's Gaelic terminology database, supporting the teaching of subjects through the medium of Gaelic at secondary school level. The resource provides teachers and pupils with guidance on terminology and new and evolving vocabulary relating to education.

During 2025–2026, development of the website continued, with a particular focus on terminology relating to Geography and Science. The database continues to provide terminology in both Gaelic and English, alongside relevant lexicographical information, including the gender of nouns, plural forms and other grammatical information. Terminology is organised by curricular subject and can be searched alphabetically or by subject area. Examples of how terms can be used in classroom settings are also provided, together with links to relevant Gaelic education resources.

The An Seotal database continues to underpin the resource and is expanded and updated on an ongoing basis, ensuring that teachers and pupils have access to appropriate and up-to-date terminology across the curriculum.

Non-digital resources have also been produced in conjunction with An Seotal in order to supplement the digital offering, and these are available from Stòrlann. The website can be accessed at *www.anseotal.org.uk*.





Goireasan eile

Other resources

Topmarks

Compàirteachas Ùr: Geamannan Ionnsachaidh Topmarks!

Ochd geamannan beò air-loidhne le tuilleadh air an t-slighe!

Tha ionnsachadh na Gàidhlig a' faighinn spionnadh spòrsail le compàirteachas ùr eadar **Stòrlann Naiseanta na Gàidhlig** agus **Topmarks**!

Tha an chompàirteachas air sreath de gheamannan ùra a chur air bhonn gus taic a chur ri foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, le **ochd geamannan beò air-loidhne mar-thà**.

Tha a' chiad chuid de na geamaichean stèidhichte air sgilean àireamhachd le gnìomhan air iomadh cuspair, nam measg:

- Luach àite agus òrdugh àireamhan
- Leughadh na h-uarach
- Airgead
- 1, 2, 3 Cunntadh
- Cumaidhean

Air an dealbhadh gus ionnsachadh a dhèanamh tlachdmhor agus eadar-ghnìomhach, tha na geamannan a' toirt chothroman prìseil do sgoilearan na sgilean àireamhachd aca a leasachadh tron Ghàidhlig.

Exciting New Gaelic Learning Games Partnership with Topmarks!

Eight interactive games live – with more on the way!

Gaelic learning is getting a fun and interactive boost thanks to an exciting new collaboration between Stòrlann Nàiseanta and Topmarks!


The partnership has seen the development of a new range of educational games designed to support Gaelic-medium education, with **eight games already live and ready to play** in Gaelic education settings.

The first wave of games puts numeracy skills centre stage, offering engaging activities across a variety of topics, including:

- Place value and ordering numbers
- Telling the time
- Money
- 1, 2, 3 Counting
- Shapes

Designed to make learning both enjoyable and interactive, the games provide valuable opportunities for learners to practise and develop their numeracy skills through Gaelic.

And this is just the beginning! **More games are already planned**, with further exciting additions to the collection on the way.





Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig

OSCR Scottish Charity Regulator www.oscr.org.uk Registered Charity SC031521

Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot

www.storlann.co.uk | www.gaelic.education